



6. 2.

H.M.69.

July 20. 2. 1901.





A' BHAN-RÌGH

AIG BLÀR AN ADHALL.

PRIZE GAELIC POEMS

OF

ATHOL GATHERING

1844 AND 1845.

BY DONALD FERGUSON,

SCHOOLMASTER, DOWALLY.

EDINBURGH:

MACLACHLAN, STEWART & CO

MDCCLXV.



A' BHAN-RÌGH
AIG BLÀR AN ADHALL.

PRIZE GAELIC POEMS
OF
ATHOL GATHERING

1844 AND 1845.

BY DONALD FERGUSON,
SCHOOLMASTER, DOWALLY.

EDINBURGH:
MACLACHLAN, STEWART & CO.

MDCCCXLV.



**LAURISTON CASTLE
LIBRARY ACCESSION**

A BHAN-RIGH

AIG

BLÀR AN ADHALL.

A'M MIOS MEADHONACH AN FHOGHAIR 1844.

I.

A rithist, a rithist, mìle failt' agus furan,
Mìle furan a's fàilte do Bhan-rìgh ar gràidh ;
A rithist, a rithist, tha ar 'n-annsachd air tighinu,
Am fochar a céile Prionns' Albert an àigh :
Ait-iolach is ceòl ! tha fir Adhall ag éiridh,
Gualainn ri gualainn 's, an aigne mar aon—
Sliochd Alba nan àrd-bhuadh, am freiceadan dìleas,
'S ioghn' reachdmhor an snasadh air àilleachd an raoin.

II.

Baideal dìonaidh an àigh, am freiceadan Gàèlach,
Thar finne na h-Alb' ann an àillteachd thug buaidh ;
Am maise, 's an spionnadh, an cùineas, 's an grinneas,
Co-choimeas fir Adhall cha'n fhacas ri luaidh :--
Air réidhleanaibh Bhlàir an eireachdas thug barrachd,
Mar fhir-eun 's an ealtainn, na eilid 'sa ghleann—
Gach aon diù air éideadh am breacan an éilidh,
Fior shuaicheantas dùthchais caomh-dhachaidh nam beann.

III.

Tha eachdraidh ag innse mu mhor-chliù 'ur sinnsir,
 'S am buaidh ann 'san àraich 's na linntean o chian ;
 A ghòir-dhuais a bhuaibh iad air mìn-shlios a's garbh-chrioch,
 An còmhragaibh fadalach, fuileachdach, dian :
 Mar bhaidecalaibh dù-neoil a siaradh an aonaich—
 Mar fhalaig air fraoch-bheann do thùirlinn na laoich ;
 Thug milleadh a's léir-sgrios am fochar an nàmhaid,
 Thuit iad gun éiridh an sàmhchair an fhraoich.

IV.

A ghaisgich mo dhùthcha, chuideachd euchdach sa' chruaidh-chas,
 A ris tha 'ur Ban-rìgh fo thearmann 'ur sgéith ;
 Tha càrn-lithe 'ur sinnsir mar leus-iùil ag éiridh,
 Tha Ghàeltachd ag earbs' ri bhur dìlseachd neo-chli.
 'Nuair tha sibh 'n-ur n-éideadh, 's e luaidh-ard gach beul sibh,
 Cuspair ioghna gach crìdh' a's ard-thlachd gach sùl!—
 'S iad uile ri sgeulachd, 's a cantainn ri chéile,
 'S ann riù sud ann 'san àraich aig Alba bhios dùil.

V.

Cò e so an t-armunn air steud-each nan luath-chas,
 Le reannaig fìor òr-bhuidh' a' dealradh mu' chliabh ?
 Ard cheannard nan Gàel, an t-àrd-fhlath, Gleann-Lìbhinn,
 Dòchas òg Adhall, 's a h-annsachd gach iall :—
 Measg mais' agus mòrachd roinn Bhreatuinn a's Èirinn,
 Choisinn an t-òg-fhlath barrachd urram a's glòir ;
 Cliù bhios neo-bhàsmhor, agus ainm a bhios dèlinn,
 Is mòr-ghèan o Bhan-rìgh a' ghràidh is na bòich'd.

VI.

A' dìreadh nan cas-bheann a's gorm bhrat an aonaich,
 A shealg air na feidh-dhaimh 'nuair dheireas á bhuail' ;
 Thuit sàr-cheann na treuda le oighre òg Adhall,
 Feadh astar Beinn-ghlo 's gach coire m'a cuairt :
 An talla na mòrachd bì'dh bhuidhean air iomradh,
 Bì'dh fhialachd 's a chàirdeas, 's a dhilseachd bith-bhuan ;
 Théid ainme Ghlinn-Libhinn is fheartan air dì-chuimhn',
 'Nuair philleas Teimh'll a's Garidh le fathrum o 'n chuan.

VII.

Is tiamhaidh an tràsa do lùchairtibh Shasunn,—
 Guth binneis cha chluinnear an talla nam buadh ;
 Is tosdach is cianail tha àros na maise,
 Tha aobhar gach urram 'an Albainn mu thuath ;
 Is bòidheach do mhòr-shlios is àillidh an grinneas ;
 Is sgiamhach do réidhlean fo 'n ùr-dhealt a' fàs—
 Ach 's faòin nis' ged 's òirdheire, barrachd gach maise,
 'S ise tuil' annsachd tuineach tuath ann am Blàr.

VIII.

Seann Albainn nam mòr-bheann, seann Albainn nan àrd-fhlath,
 Priomh-thìr nan gaisgeach—is caomh-dhachaidh nan laoch,
 Is riomhach do thrusgan, 's ro chùbhraidh, 's ro àillidh,
 'S tiorail séimh-fhasgadh an gorm-ghlinn an fhraoich,
 Tha nàdur na grinneas a nis' air a sgeudach',
 'S a choisir o 'n ùr-choill a' fàilteach' an là ;
 Tha neòinein an àilean is barr' gheal an aonaich,
 A' silleadh am millseachd air fann-ghaath nan trà

IX.

Tha beannachd a's fàilte là faiche Dhùn-chailin,
 Le ùr-ghean is dealas feitheamh càraid nam buadh ;
 Tha dian-thogradh nan Gàèl fo spiorad-ìuil Adhall,
 'G aslach' sòlas bhi mar ribh 'n 'ur lathaibh 's n'ur cuairt :
 A ribhinn ghlan òg, a' bhana-phrionns' aoidheil,
 A fhlùrain o 'n fhìor ghéig is rioghaile freumh,
 Do bheatha do'n Ghaèltachd nach bòidheach a garbh-chrioch—
 Nach ait bhi lus-thional 'an gleanna beag séimh.

X.

A bheinn-shlios mo shinnsir, craobh-sgaoilidh do dhilseachd,
 Is t'ainm a tha rioghail gu dìlinn gu h-àrd ;
 B'ìdh do gharbh-shruth 's do fhrithean 's do choirean fad' mìne,
 Cian ainmeil ri 'n innseadh a mach feadh gach àl :—
 Tha 'n cruinne ri Breatuinn, ìal-riaghailt an domhain,
 Is Breatuinn ri Adhall sìor-dhearcadh 'na glòir ;
 An talla Ghlinn-Lìbhinn a tha i air aoidheachd,
 Do'm bheil rìghrean a' géill' le'n coronaibh òir.

XI.

Gleannteilt 's Gleannbanbhai, Gleannbrüar 's Gleannfeandar,
 Fridh' Adhall ro aluinn, is ainmeile luaidh ;
 Am buaile, 's an àiridh, 's am fonn-chrùth thug barrachd,
 O iomall deas Shasuinn gu aird' an Taobh-tuath ;
 Cia boidheach, 's cia àluinn, sàr-shealg ghleann na Gàèltachd,
 Gleannteilt is gorm còmhdaich, 'n gleann ùrar fad' réidh,
 Gleann ciatach mo rùn tha *Victoria* 's a h-*Albert*,
 Fo sgàile am mòrachd, fo thearmann do sgéith.

XII.

Ach bòichead Bhraigh-Adhall cò sheinneas an òrdugh ?
 Easbhrüar, Raon-Ruari, 's Glac ainmeil Coill'-chreanaich ?
 Mhic-an-t-Saoir o na dh-eug thu 's faoin a bhi strìgh ri
 Deicheamh pàirt de do chliù a chur sios ann an cainnt.
 'S faoin deas-chainnt na h-òraid, 's faoin fìlidh nan òran,
 Bhi 'g aithris air cuairt àill' cearn' bhreth mo ghràidh,
 Air àilleachd a céitein 's flùr-bhrat a sàmhradh,
 'S ceileiribh a dlù-choill' fo dhùbhradh nan trà.

XIII.

Fo thearmann fir Adhall 's fo bhratach Glinn-Libhinn,
 'S tearuint' ard-sheud na cruinne, Ban-righ ar gaoil ;
 Sàbhalt' sona gach uair i, 's am Freasdal g'a dìonadh,
 Rè turus car tamull am fearann na saòrs'.
 Tha beannachd nan aosda 's dian-thègradh nan òigear,
 Do 'taobhsa do ghnà tha sa' Ghàèltachd air chuairt,
 Tha Albainn le fughar 's le deagh-ghean a's urram,
 A' fàilteach' a Ban-righ le caitheam a's buaidh.

XIV.

An claidhe sin o chian sa' Ghàèltachd chaidh thogail,
 An aghaidh do shìnsir le srad-thein' na h-eud,
 Tha e dearbhta sa' chòmhraig, tha 'n gàirdean deas ullamh,
 Cò nis' air a dhànachd a bheireadh dhuit beum ?
 Saor, saor, anns a' Ghàèltachd mar thlà-ghaoth an t-sàmhradh
 Mar iolair 'san iormailt na eilid sa' ghleann,
 Tha gluasad ar Ban-righ air faiche Bhlàr-Adhall ;
 An coire nan liath-chearc 's am frith-chluain nam meann.

XV.

Cabar-féidh, Mac-talla, luaidh' fùdar a's gunna,
 Tha Albert 's Gleann-Lìbhinn crioslaicht' deas air an léirg ;
 Tha bhuaile ag éiridh air cuairt ghorm a' ghlinne,
 'S an ruadh-dhamh a' dìreadh ri airde Beinndeirg ;
 Faic e nise gu lùghmhor fo bheachd-shùl na Ban-rìgh,
 Aig astar nan cluaintean, a's fasg-fhrìth nam meann ;
 Ach 's fàin nis' gach lù-chleas is faoine gach seòltachd,
 Thuit e sa' bhùradh le làimh chuimseach a' Phrionns'.

XVI.

Gu dilinn b'ìdh iomradh air grinneas Bhlàr-Adhall,—
 Air dìlseachd Ghlinn-Lìbhinn 'sa chéile, b'ìdh luaidh ;
 Air sliochd nam fìor ghaisgeach shìl fuil air Raon-Ruari,
 'S iad nis' do chùl-taice *Victoria* nam buadh ;
 Am mòr-eud chaidh thaisbean' le d'chàirdibh an Adhall,
 Cha-n fhuaraich le astar, 's cha lùghdaich le ùin—
 'S e do chùis-sa an aobhar, 's do ghnà tha iad ullamh,
 A' dhionadh do phearsa, do rìoghachd, 's do chrùin.

XVII.

Ach stad nis' mo dhàn or is feum' a bhì dùnadh,
 Tha ar n-annsachd g' ar fagail gu cianail 's an àm—
 Slàn fallain gu'm pill i do thallaibh a sinnsir,
 'S e dùrachd a dìlsean luchd-àitich nam beann :
 Tha phìobaireachd a séid', tha'n càrbad an uidheam !
 'S na h-àrmuinn an òrdugh air astar a' bhlàir,
 Tha 'n luath-ghair ag éiridh, slàn leis a' Bhan-rìgh !
 'S Mac talla gu bruidhneach a null do Bhraigh-Bharr.

XVIII.

Lion suas an copan, is òlamaid le dealas,
 Deoch-slàinte na Ban-rìgh do bheò-dhrùchd nam beann,
 Chaoidh sona gu 'm bìdh i, ioghn' chuspair ar rùine,
 A chòmhnach car tamull 'n-ar measg ann sa' ghleann.
 Deoch-slàinte Phrionns' Albert, 's an ainnir òg rìoghail,
 'N là chì is nach fhaic biodh an ard-ainm fo bhlàth ;
 Tha dùrachd Chlann-Alba, 's fìor thogradh fìr Adhall,
 Ann an dòchas a mealtuinn ath-philleadh an là.

XIX.

Deoch-slàinte nan gaisgeach 's iad sin na h-armuinn,
 A choisinn mòr urram d'an tìr is d' an dàimh ;
 Gach sonas is beannachd gu suthainn g' an leantainn,
 'S buaidh mhairean do 'n chuideachd gu sìor air gach làimh ,
 Deoch-slàinte Ghlinn-Lìbhinn an curaidh òg gasda,
 Meur fìor-ghlan do 'n ghéig e is rìoghaile stùc,
 Tha 'n là oirnn' ag iadhadh 'sam bi fleasgaichibh Adhall,
 Le iolach ag òl a dheoch-slàinte 'na DHIUC.

COMH-CHRUINNEACH FIR ADHALL
A DFHAILTEACH 'NA BAN-RIGH
ANN AN DUN-CHAILLINN

SA BHLIADHNA 1842.

I.

A' boillsgeadh gu tlà-gheal tha dearsadh na gréine,
Le àilleachd na madainn' a' fàilteach' an là ;
Tha choisridh le 'n ribheid o dhoimhneachd na coille,
Air fann-ghaoth a' ghlinne a taomadh an dàin :
Tha ard-bheann a's creag-bheallach le iolach a's bäs-bhualadh.
Gach tulach, gach còmhnard 's gach coire fad' réidh,
'Nochdadh furain a's fàilte, le buaidh-aithris na Gàèltachd,
'S mac-talla gu siubhlach co-fhreagairt do 'n sgeul.

II.

'S ro aoibhneach an là a dhealraich air Adhall—
Là' àluinn cian-ainmeil, an eachdraidh r'a luaidh,
Tha ban-rìgh *Victoria*, prìomh-uachdran na cruinne,
Air astar le h-Ailbeart an Albainn mu thuath :
Beannachd gad' leantainn dlù, aon chuspair gach crì 's gach sùl ;
Gach sòlas, 's gach mathas a' feitheamh do chuairt ;
Tha togradh nam mìltean 'guidhe' piseach a' chaidh dhuibh,
'Charaid rioghail a' ghràidh, na bòicheid, 's nam buadh.

III.

Adhall mo ghràidh, mo chearn-bhreth, thu 's mo dhachaidh,
Craobh-sgaoilidh do dhilseachd gu h-ard feadh gach iall ;
Gu dìlinn b'ìdh luaidh air là faiche Dhùn-Chaillinn
'S co-chruinneach' nam finne le ceanaltas fial :
Le annsachd tha clann nan Gàèl, gu coitcheann le cridhibh blàth
Am balachan na mhear-làì, 's an t-aosda air liath'—
An rìbhinn is àillidh snuadh, 's an t-òigear deas, smearail, cruaidh,
Chum ionad na coinneimh le dealas a' triall.

IV.

Cha sealladh gach là 'tha 'n tràs air a thaisbean'
 Cha nuallan là-feille 'tha togail an sgeul ;
 Tha na finne a mach fo-cheannsal an cinn-feadhna,
 Seall' is àillidh an diugh fo ghorm-bhrat nan speur :
 Tha uil' ghreadnachas nàduir, 's uile shuaichantas àrd-thùr,
 Air ard-ghleus gu h-àghmhor, 's a phiobrachd a' séid' ;
 Tha 'n luath-ghair a meudach, 'a an ait-iollach ag éiridh—
 Tha bhan-rìgh 'san astar an càrbad nan steud.

V.

Fàilt' air na laoi ch—mìle fàilte is buaidh dhoibh,
 Tha teachd le Gleann-Lìbhinn o gharbhach nam beann,
 Le targaid, a's claidheamh, a's cath-thuath Lochabar,
 'S an snasadh mar eilid a frith-leum sa' ghleann :
 Tha gaisgich Shrath-Ghairidh, Shrath-Teimheil, 's Bhraidh-Adhall,
 Shrath-ard-thall, Shrath-Tadh, Thulaich-mhaighte's, Dhail-chàrn,
 Gu deas, uidheamaicht', òrdail, 'glacadh geur air' na còdhail :—
 'San t-ard-fhlath Dun-blathain, 's Clann-Fhionnlai' Bhraidh-Bharr.

VI.

Tha Bhan-rìgh am fagus, nis' séid suas an ealaidh,
 Feuch bratach nam buadh air an ard-thùr a' snàmh ;
 Tha 'sùilean a' glacadh cuairt àluinn Dhùn-Chaillinn,
 'S na gunnacha' mòra toirt sanas do 'n bhlàr ;
 Cluinn an toirm-ghair ag éirigh, o ghillean an éilidh.
 'S an iolach a meudach' air astar a' chomhnàrd,
 Tha *Victoria* a's *Ailbeart* fo thearmann na Gàeltachd—
 Buaidh chaitheam gu suthainn, ò h-i h-ò rò !!

VII.

'S flathail ged 's tlà, 's rioghail ged 's caoimhneil,
 An ard-shùil tha dearcadh air trom-shreath nan laoch,
 'Se ceud phears' na cruinne, 's aobhar gach urram
 Tha measadh fìor dhìlseachd fìr Adhall da taobh :



Cha do sheas riamh air àraich thug barrachd a bhlàr orra—
 Cruaidh, calma, deas, innealt, gun amhluadh, 's gun ghò ;
 'S baideal dìonaidh an tràs iad do Bhan-rìgh na Gàèltachd—
 Sliochd an sinnsir a mach biodh buaidh aig na sèoid.

VIII.

Tha'm pàilliunn gu reachdmhor measg bòicheid an réidhleìn,
 A' dealradh le seudan, 's tha chuirm air a sgaoil' ;
 Tha ard ainm ar tìr-bhreth, le fialachd Ghlinn-Lìbhinn,
 A' nochdadh gur rìoghail tuath ghlinn an fhraoich.
 Tha 'n itheanaich is priseil, 's gach lios-mheas is milse,
 A's beò-dhibhe na fionain a' cuartach' a' bhùird—
 'S an t-ard-fhlath an Ceannard, aig deas làimh na Ban-rìgh,
 'S a chéile a' Bhanmhorair 's am Prionnsa dh'i dlù.

IX.

Tha Bhan-rìgh a' fagail—beannachd nan Gàèl le,
 A cùis-sa si 'n cùis-sa cò theireadh na dh' fheud ;
 Soraidh 'san àm le, a's soraidh do dh' Ailbeart,
 Am Freasdal g'an dìonadh o dhochann 's o bheud—
 'S o'n tha iad air falbh uainn, air chuairt do Bhraid-Albann,
 Tha Adhall le fiughar beachd leannailt an cùrs'—
 Cha di-chuimhnichear chaoidh leinn dealas, giùlan, 's caoimhneas,
Victoria a's *Ailbeart*, ar n-annsachd, 's ar dùil.

X.

Deoch-slàinte na Ban-rìgh, 's a céile am Prionnsa,
 Sguab às e gach fìor Ghàèl le sodan a's sunnt ;
 Deoch-slàinte Ghlinn-Lìbhinn, ard-cheannard fir Adhall,
 'S a Bhanmhorair aluinn—ni's fhearra gu ghrunn̄d :—
 Agus òlamaid uile, Faschoill a's Urrard,
 Bail'-na-cill', 's an Tulaich, Ceanndrogan, a's Leòid—
 A's òlamaid le fathrum, am fìor ghaisgeach an Doire :
 Deoch-slàinte an fhreiceadain, ò h-i h-ò rò !!!

